

39



PEIGI BHEAG

(Dealbh-Chluich),

Le IAIN MacCORMAIG, Glascho.

DOMHNUL MOR AGUS CAILEAN TAILLEAR

(Comhradh),

Le IAIN MacCORMAIG, Glascho.

A' Phrìs, Se Sgillinn.

AN COMUNN GAIDHEALACH,
114 Sràid West Campbell, Glascho.

1925.

National Library of Scotland



B000595742



PEIGI BHEAG

(Dealbh-Chluich),

Le IAIN MacCORMAIG, Glascho.

DOMHNALL MOR AGUS CAILEAN TAILLEAR

(Comhradh),

Le IAIN MacCORMAIG, Glascho.

A' Phris, Se Sgillinn.

AN COMUNN GAIDHEALACH,
114 Sràid West Campbell, Glascho.

1925.

LAURISTON CASTLE
BEQUEST FUND

A. LEARMONTH & SON,
Printers,
9 King Street, Stirling.

LIBRARY OF SCOTLAND
B
25 JA
1962
NATIONAL

PEIGI BHEAG.

Le IAIN MACCORMAIG, Glascho.

(A' Cheud Duais, Mòd 1914.)

NA PEARSACHAN :

An Greusaich.	Bean a' Ghreusaich.
Iain Ruadh.	Nighean a' Ghreusaich.
Dughall Saor.	Curstan Mhór.

Balach, Nigheanan is Gillean.

Bean-an-Tighe eile, is Fear-an-Tighe.

DEALBH I.

AN T-IONAD—TIGH A' GHREUSAICH.

(*An Greusaich a' càradh bhròg agus a bhean a' figheadh stocainn.*)

BEAN A' GHREUSAICH—An dà tha ghaoth air tuiteam gu mór, a dhuine; 's ma bhios Peigi bheag air a' "Chlaidh-eamh Mhór" an nochd gheibh i oidhche chiatach—dìreach oidhche chiatach.

AN GREUSAICH—Tha iongnadh orm nach do chuir i *telegram* ged tha.

BEAN A' GHREUSAICH—U! Chan 'eil e thar an ama fathast; 's ma thàinig fios bithidh cuideiginn aig baile bheir a nuas i. Bithidh an "Claidheamh Mór" a steach glé thràth am màireach, is feumar a coinneachadh, fios a thighinn no gun tighinn. Dh'fhàgadh ise a tigh-cosnaidh an diugh mar a thuirt i 'san litir—'s ciod e chumadh i?

AN GREUSAICH—Ho, ho, Chatriona! Chatriona! Nach iomadh rud a dh'fhaodadh a cumail an leithid Ghlascho. Nach faodadh tinneas a cumail. Nach faodadh i a bhi air a ruith sìos le DRAMGAR no le MOTUR? Am bheil na h-innealan ud ach a stialladh rompa feadh nan sràidean mar gum faiceadh tu cù a' leum ann an drobh chearc air dùnan. Nach faca mi le m' dhà shùil e dìreach an uair a bha mi mach.

BEAN A' GHREUSAICH—Seadh; ciod e chunnaic thu? 'S ann a tha thu cur crith a'm fheòil.

AN GREUSAICH—('S e sgailceadh air pinneachadh)—Chunnaic mi gu leòir: Fear an sud 'na sheasamh an tòiseach nan carbadan ud 'gan stiùradh, 's e 'na fhallus a' dannsadh "Calum Crùbach" air dòirneig bhuidhe a bha toirt air clag a bhi gliongail fodha gun sgur; adharc bhuidhe 's gach làimh, 's e cur té mu seach dhiubh, 's air uairean an dà dhiubh còmhla, mu'n cuairt gun tàmh, gun fhois, 's aig an am cheudna a dhà phluic gu spreidheadh 's a chuinnleanan cho farsuinn ri cuinnleanan eich a' sitrich, a' séideadh fideig gus an saoiladh tu gun leumadh copan a chinn deth. Sud an sanas, 's chan 'eil ach mur am fàg thu 'n rathad, gum bi thu air do ruith a sìos 's air d' fhàgail cho leathann 's cho tana ri greideil. 'S ann a bheireadh iad am chuimhne am pìobaire bha 'san uaimh a' cluich "Mo Dhith; Mo Dhith! 'S mi gun tri làmhan: da làimh 'sa phìob is làmh 'sa chlàidheamh."

BEAN A' GHREUSAICH—A chiall; a chiall. 'S ann a tha thu cur uamhais orm; agus mur an tig *telegram* bho Pheigi mu'n laigh sinn, cha dùin mi sùil an nochd. An uair a bha mise an Glascho mu dheireadh 's e eich a bha 's na carbadan sin.

AN GREUSAICH—Ho! ho! Chaidh i bhuaithe sin, a bhean. Tha Glascho ag atharrachadh cho tric ri aodaichean nam ban. Chan fhada gus an toir thu tasdan air sealladh de each an Glascho.

BEAN A' GHREUSAICH—Stad! Tha ceum coise 'n so. Tha mi'n dòchas gur h-e cuideiginn le *telegram* a th'ann.
(*Thig Iain Ruadh agus Dughall Saor a steach.*)

BEAN A' GHREUSAICH—Thigibh a steach, fheara; agus gu'm meal sibh 'ur naidheachd. Cha robh a h-aon agaibh rathad a' bhaile?

IAIN RUADH—Cha robh. Ach tha feadhainn shuas.

DUGHALL SAOR—Tha Mac Iain Chìobair shuas co-dhiùbh.

AN GREUSAICH—Ma tha, ni sin an gnothuch. Tha fiughair ri fios o Pheigi. 'S ma thig fios thàinig e nis. Nach 'eil e gu h-ochd?

DUGHALL SAOR (*a' toirt am mach an uaireadair*)—Tha e dìreach air na crìochan: Cùig mionaidean gu ochd.

IAIN RUADH—'S am bheil Peigi Bheag a' tighinn dachaidh! Cuiridh i seachad an geamhradh aig an tigh, tha mi cinnteach.

BEAN A' GHREUSAICH—Cha b' uilear dhith.

DUGHALL SAOR—Nach 'eil an deagh dhachaidh roimpe. Greusaichean a' deanamh airgid mar na sligean; ho hó!

AN GREUSAICH—Bha latha dha sin; ach chan e 'n latha 'n diugh e. Cha do chuir mi paidhir ùr bhròg air ceap o chionn sè mìosan. Nach 'eil na brògan mar a tha h-uile ni eile: tighinn dachaidh leis a' phosta; agus b' e sin na brògan nach fhiach ach gann an gearra-bhonn-achadh; agus cha bhi iad mìos 'gan cosg 'nuair bhios iad mar a bha am bàrd ag ràdh:

Sgaoil na deireadhnan o'n bhonn;

'S bha 'n òrdag mhór air lom na dàlach.

Agus ma tha dìon no comhfhurtachd 'sam bith annta, 's ann an déidh dhaibh mo dhà làimh féin fhàgail. Sin agaibh mo bheachd-sa air na brògan Gallda.

IAIN RUADH—An da, chan 'eil sibh fada cèarr.

DUGHALL SAOR—Chan 'eil, idir. Chan 'eil na's fèarr na obair na làimhe fein, agus a' bhrog gharbh Ghàidhealach. 'Chan iad na brògan Gallda fhreagrach a dhol do'n chladach fheamann no do mhonadh an fhraoich.

BEAN A' GHREUSAICH—Gu dearbh féin, fhuaras agad e, Dhùghaill. Cho bòidheach fhinealta 's gum bheil iad.

IAIN RUADH—'S ann air a shon féin a ni 'n cat crònan, a bhean an tìghe.

DUGHALL SAOR—Chan 'eil aice ach smior na firinn. Chan fhaca mi riamh gun toireadh bòidhchead goil air a' phoit.

AN GREUSAICH—Theid mis' an urras nach toir brògan bòidheach Ghlascho goil air poit a' ghreusaich; ach gur th' ann a chuir iad a' ghoil dhith a chionn mur b'iad am beagan chiobairean a th' agam gum faodadh a' bhean an t-slabhraidh a thilgeadh am mach air an dùnan. 'S iad dìreach an aon fheadhainn a tha cumail an t-snath-lìn 'san t-snàthaid domh.

DUGHALL SAOR—Ho ho! Iain; faodaidh an dithis againn sud a ghabhail chugainn féin.

AN GREUSAICH—Ma fhreagras an còta glas duibh cosgaibh e.

(*Ni Iain is Dughall gàire.*)

BEAN A' GHREUSAICH—Tuts, a dhuine!

(*Ni 'n Greusaich gàire.*)

DUGHALL SAOR—Tha 'n greusaiche ceart ged tha. Chan 'eil ach na slaobain anns na brògan Gallda so. Agus neo-ar-thaing ainmean riomhach orra, mar gun deanadh sud na b' fhèarr iad—"Ballata Boots"; "Baltic Boots"; "The Champion"; "The Gaelic Shoe"; 's mar sin sìos.

(*Ni a' chuideachd gàire.*)

BEAN A' GHREUSAICH—Nach éibhinn thu, Dhùghaill!

IAIN RUADH—Nach i Ghàidhlig féin a th' air fàs measail cuideachd o chionn bhliadhnachan. Nach e 'm eudail "*An Comunn Gàidhealach*"?

AN GREUSAICH—Nach 'eil uaislean móra na dùthcha a' cur an guallean rithe 'nuair a chunnaic iad cho grunnadar 's cho beirteach 's a tha i. Agus gabhadh sibhse beachd air rud 'sam bith a chuireas iadsan ceann ann, leanaidh am pobull e—mar an dubhairt an sean mhaighstir sgoil e—agus bithidh buaidh air; agus cleas each bàn an tàilleir a thug dà latha 's dà oidhche 'san t-sùil-chrithich, 's a tha 'n diugh cho beothail bhras 's a bha e riamh, nach i b' fhiach a ceann a thogail agus a brosnachadh, 'nuair bha leithid de stuth innte 's gun d' fhan i bèò gus an diugh an déidh a h-uile mìomhadh is tàir a fhuair i. Saoil nach ann innte tha *stil*—

(*Thig balach a steach le telegram.*)

AN GREUSAICH—Thig air t'aghaidh, a laochain. Bheil dad agad domh? Fios bho Pheigi cuiridh mi 'n geall.

BEAN A' GHREUSAICH—Tha mi 'n dòchas nach miosa co-dhiùbh.

(*Seallaidh an Greusaich air an telegram, agus feithidh a' chuideachd.*)

BEAN A' GHREUSAICH—Tuts, a dhuine! Nach innis thu ciod e a th' innte?

AN GREUSAICH (*an ceann greis*)—Tha do nighean a' fàgail an nochd—agus mo thé-sa cuideachd. (*Ni iad gaire.*)

DUGHALL SAOR—Bithidh iad còmhla leis a' sin. Ho, ho!

AN GREUSAICH (*a' toirt na litreach do Dhùghall*)—Agus seall sin, a Dhùghall. Sin agad *telegram* Ghàidhlig. Sin agad rud nach fhaca t' athair no do sheanair. Saoil nach 'eil a' Ghàidhlig a' tighinn beò mar thubhairt mi.

DUGHALL SAOR—An dà, air m'onoir gum bheil—“*Tha mi fàgail leis a' 'Chlaidheamh Mhór' an nochd.*” Nach 'eil sin gasda gu cinnteach!

IAIN RUADH—'S ann a tha e cur ìonghaidh orm.

BEAN A' GHREUSAICH—Saoil an do smaointich mi riamh gu'n gabhadh *telegram* a chur air falbh an Gàidhlig! Obh, obh! nach e 'n saoghal a tha air atharrachadh!

AN GREUSAICH—Nach e tha sin, a bhean!

IAIN RUADH—Tha e anàbarrach, dìreach!

DUGHALL SAOR—Seall a nis ann an sin: a chionn 's gun robh am balach a' tighinn co-dhiubh, chan 'eil dad ri phàidheadh. “*No sherge for—for*”—ciod e 'm facal mòr a tha 'n sin?—“*del—deluvary—No sherge for deluvary.*”

IAIN RUADH—Seadh; tha e ag ìnnseadh nach 'eil am balach ri dad fhaotainn.

AN GREUSAICH—U! Gheibh e dad. Làmh air do sporan, a bhean.

BEAN A' GHREUSAICH—So, a laochain. (*Sinidh i rud da.*)

DUGHALL SAOR—Theid mise an urras gum faigh sinn òrain bho Pheigi. Nach robh i seinn aig a' Mhòd am bliadhna! Saoil nach tarruing balaich poll mu thigh a' ghreusaich air a' gheamhradh so, 'ille! ha-hà! (*Agus e bualadh a làimhe air Iain.*) Feuch an dean thu bargan ris a' ghreusaich mu'm faigh Uilleam Bàn fàileadh na seilg—

IAIN RUADH—An dà 's ann a dheanamh bargain ris a thàinig mi cuideachd.

DUGHALL SAOR—Seadh; tha mi toilichte gun do labhair mi. Nach mi thug an turus fortanach, a charaid. Tha fios agam nach 'eil thu gun choileach dubh a 'd achlais. Ha-hà!

(*Ni a' chuideachd gàire.*)

IAIN RUADH—Ciod e nis a tha sibh ag iarraidh air a' mhart bhuidhe, dhuine?

DUGHALL SAOR—O; an ann mar so a tha! Nach ann a bha mi'n dùil gur h-ann a bhiodh còrdadh againn.

IAIN RUADH—Tha sinn an dòchas gum bi sin againn cuideachd. Ciod e tha sibh ag ràdh, dhuine?

AN GREUSAICH—Tha, ochd puinnnd 's a deich. Ach cha tog thu i gu ceann seachdain an earalas nach bi Peigi airson a reic. Tha i 'ga tagar dhith féin.

IAIN RUADH—Seadh, ma ta. Tha mise toileach.

DUGHALL SAOR—Nach fheàrr dhuit a nis còrdadh a dheanamh air son na h-inghinne, agus am mart fhaotainn mar thochar. Ha-hà! Nighean òg speisealta air tighinn as ùr dachaidh bhàrr na Galldachd, cuiridh mi 'n geall nach fhaic an Greusaich, no a bhean, an dorus fad a' gheamhraidh le lasgairean as a déidh.

IAIN RUADH—Stadaibh gus am faigh mi'n *small holding* a stocachadh.

DUGHALL SAOR—Stadaidh; ach dh' fhaoidteadh nach stad ise. Feuch nach toir feareiginn car-mu-thom dhìot; 's nach cuir am mealladh-dùil a laighe na leap' thu. (*Ni iad gàire.*) Cha bhi agad an sin ach an t-uallach a bhi air—Ciod ainm a nis a th' air an fhear so bhitheas a' toirt an airgid do na daoine tinne.

BEAN A' GHREUSAICH—Nach eil—droch-fhàs air—nach eil "*Lloyd Sheorge.*"

DUGHALL SAOR—Cha bhi agad ach do chudtrom a leigeadh air *Doyle Sheorge*. Ha hà! Iain seall romhad.

IAIN RUADH (*ag éirigh gu falbh*)—Stad; stad, a dhuine! Gus feuch ciod e beachd 'na h-inghinne féin an toiseach. Moire! Chan e h-iarraidh, ach a faotainn. Bidh mi fàgail oidhche mhath agaibh air fad.

CACH—Mar sin leatsa.

DUGHALL SAOR (*an déidh Iain*)—Saoil nach faod mi innseadh gun d'rinn thu còrdadh ris a' ghreusaich.

IAIN RUADH—Faodaidh tu sin ceart gu leòr. (*Ni iad gàire.*)

BEAN A' GHREUSAICH—'S éibhinn thu, Dhùghaill. Cumaidh tu daonnan sùrd anns a' bhaile. Tha eagal orm nach ann de na h-eòin a thogadh sop air chabhaig Iain Ruadh. Tha e ro ghaolach air an sgillinn, agus cho glic ris na cnocan mu'n dubhairt iad. Ach creideadh sibhse gum faigheadh i suidheachan gle shocrach an té gheibheadh e.

DUGHALL SAOR—Nach e sin, a bhean, a chuir 's gun robh toil agam e bhi 'na chliamhuinn agaibh. Ha-hà! Chan eil fear an tighe féin ag ràdh guth ach a' griogadh air pinneachan mar gum biodh ann lon-dubh 'sa chladach. (*Ni iad gàire.*) Tha cleas an eich bhàin a bha 'n dorus an t-sabhuil air: a' feitheamh 's ag éisdeachd. Ach, leòra! Mu'n tig seachdain an diugh, 's ann a dh'innseas mi mu'n chòrdadh a rinn e féin is Iain Ruadh. (*Ni iad gàire.*) Cha bhi facal bréige 'n sin. Rinn iad còrdadh; is bidh na coimhearsnaich 'ga bhreithneachadh mar thogras iad féin. Ciod e tha sibh ag ràdh, dhuine? (*Agus e a' toirt crathaidh air a' ghreusaich.*)

AN GREUSAICH—O, do thoil mhath féin!

BEAN A' GHREUSAICH—Ho-hó! Feuch, a laochain, nach cuir thusa dragh ad cheann féin 'san cinn dhaoin' eile.

DUGHALL SAOR—Nach stad sibhse oirbh. Chan 'eil fios nach ann a chuireas mi eud air fear-eiginn. Mur a dean mi spàin millidh mi adharc. 'S fhèarr dhomh bhì falbh. Ma chluinneas sibhse dad na gabhaidh dad oirbh. Oidhche mhath leibh.

AN GREUSAICH—Mar sin leatsa, Dhùghaill. Greas air chéilidh.

BEAN A' GHREUSAICH—'S éibhinn thu, Dhughail.

TUITIDH AM BRAT.

DEALBH II.

CEILIDH AN TIGH COIMHEARSNAICH AN CEANN SEACHDAIN.

BEAN AN TIGHE (*ri Dughall Saor*)—Thig a steach, a laochain, feuch an cluinn sinn ciod i 'n naidheachd a th' agad. Nach ann a tha sinn air a chluinntinn gun robh thu aig còrdadh brèagha an oidhche roimhe. Feuch am faigh thu suidhe. Moire! Nach ann oirre sud a bha 'm fortan mu'n gann a dh'fhuaraich i aig an tigh. Am bheil sud fìor, a Dhùghaill.

DUGHALL SAOR—Bha mise aig còrdadh gun teagamh, agus air son a' chòrr dheth chì sibh féin e mu'n téid am mlos so 'na thigh.

BEAN AN TIGHE—So, a nis! Nach i 'n eudail Peigi Bheag. An cluinn sibh sud, a nigheanan. Sud agaibh sè bliadhna an Glascho. Ho-ho! Cha bhi té anns a' Ghoirtean nach bi air falbh gu Galldachd a nis, g'a cìreadh 's g'a tlàmadh féin air son a' mhargaidh.

DUGHALL SAOR—Sin agaibh an *Small Holding* aig Iain Ruadh. Tha toil aige a nise "*Home Rule*" a bhi aige 'na thigh féin. O, mo nàire air lasgairean òga, 'nuair rachadh sealg mhath às orra. Leòra! 'Nuair a bha mi 'nur n-abis chan fhàgann lón 'san dùthaich nach tiorm-aichinn 'nuair bhiodh caileag bhòidheach, ghlan mar sud air tighinn do'n bhaile.

FEAR DE NA GILLEAN—Tha sinn fada tuillidh, tha eagal orm.

TE DE NA H-INGHEANAN—An dà, chuala mi'n naidheachd. Ach bha mi greis mhath le Peigi an diugh, agus cha do ghabh i dad oirre, ma tha e fìor.

BEAN AN TIGHE—U! Cha toirinn umhail dha sin. Tha leithid sud air a ghleidheadh balbh daonna gus an tig e gu aona-cheann.

FEAR DE NA GILLEAN—An dà is ann a chuala mi féin gur a h-ann a bha Peigi dol a chur coisir-chiùil air a bonn air a' gheamhradh so. Agus, gu dearbh, 's ann a bha mi cur romham a bhi 'sa chuideachd feuch an ionnsaichinn seinn anns an dòigh ùir so.

DUGHALL SAOR—An ann leis an "*dó, re, là*"?

FEAR DE NA GILLEAN—Tha dùil agam gur e sin a th' air.

DUGHALL SAOR—An dà, chuala mi “*An t-Eilean Muileach*” ’ga sheinn leis an “*do, ré, là*”; is bha e cho math ri rud a chuala mi riamh. Bha ’n t-séis ann cho math ’s a ghabhadh a bhi. Ach, cho math ’s gum bheil e, cha chreid mise gum b’urrainn daibh an “*dó*” a chur air

“ Di-haalum, di ho-aalum
Di-ridill-adal-aoiream.”

Agus chan i idir a h-uile teanga théid mu’n cuairt air fonn an òrain ud a rinn Donnachadh Bàn. Dh’fheumadh tu cuir a chur innte mar gum biodh bodachan samhaich.

TE DE NA H-INGHEANAN—’S e seòrsa de “*dó*” a tha ’n sin co-dhiùbh, cha chreid mi fhéin; ’s gu dearbh ma tha ’n “*dó*” aig Peigi bheag cho duilich ris, cha teid mi do’n chòisir idir, ged nach fhaicinn Mòd an Obain am bliadhna.

TE EILE—O, eudail! Feumaidh sinn dol ann, no chan fhaigh sinn cuireadh na bainnse

AN TREAS TE—’S ann a dh’ fheumas mi fhéin cumail a steach oirre feuch am faigh mi cuireadh maighdinn.

DUGHALL SAOR—U! Théid sibh ann air fad. Cha mhisd sibh na sgòrnain agaibh a strìocadh air son na bainnse ris am bheil fiughair agaibh. ’S gasda leam féin òran math air a dheagh sheinn ann am bàl sunndach bainnse.

BEAN AN TIGHE—Ach O, eudail! Saoil am bheil e fìor?

DUGHALL SAOR—Mur a bheil chan e nach eil e iomraiteach gu leòir, co-dhiùbh.

BEAN AN TIGHE—Tuts, a dhuine! Nach tu féin a thog an sgeul! Ciod e tha thu ’g ràdh?

DUGHALL SAOR—Ha, hà! (*agus e bualadh a bhas*). Bha mis’ an làthair ’nuair a thàinig Iain ’s an Greusaich gu còrdadh. Ach nach sleamhainn an leac an dorus an tìghe mhóir.

TE DE NA H-INGHEANAN—Tha mi creidsinn gum bheil Dùghall ceart gu leòir. Tha fios gur e cùltearachd mar sud a dheanadh Iain Ruadh. Tha barail airgid aige air a’ ghreusaich; ach chan e an t-airgead na h-uile rud. Is cha leig e leas a bhi cho falchaidh. Dh’fhaodadh e aghaidh a thoirt taobh ’sam bith agus deanamh cho math.

(*Ni a' chuideachd gaire.*)

DUGHALL SAOR—Ho hó! Tha 'n t-eud air tòiseachadh. Nach fhad o na chuala sinn gur h-e farmad a ni treabhadh. 'S iomadh uair a ni e banais, cuideachd. 'S e'n gille farmad féin! Ho hó! Ciod e a tha fear an tighe ag ràdh. Chan iarr e ach a bhi leughadh mu'n *Land Court*.

FEAR AN TIGHE—Chan 'eil mi 'g ràdh dad. Tha mi dìreach a' leigeadh dhuibh a bhi bruidhinn agus a' cur romham an gnothuch a ghabhail mar a thig e. Ma tha 'n ràdh fìor chì sinn e—mu'n d' thubhairt an dall. Ach 's i caileag laghach thapaidh a th' ann am Peigi.

TE DE NA H-INGHEANAN—Tha sinne cho math rithe fhéin—dìreach neo-ar-thaing rithe. Tha e ceart gu leòir a bhi sgiobalta glan, cuirideach a' dol feadh sheòmraichean móra an Glascho, 's a' suathadh sadaich bharr fùrnais bhrèagha le luideig de bhréid; ach 's e rud eile a th' ann an t-sluasaid a bhi cùl a dùirn a' cartadh bàthigh, no bhi air iomaire de thalamh làidir le droch chaibe a chur buntàta ann air maduinn fhuair Earraich—mar a dh' fheumas bean Iain Ruaidh a dheanamh.

(*Ni a' chuideachd gaire.*)

BEAN AN TIGHE—Ma ta, ghalad, chan 'eil thu fada cèarr idir.

DUGHALL SAOR—So so! Nach d' thubhairt mi ribh! Nach fhad o na chuala sinn. “Ma's toil leat moladh, faigh, bàs; is ma's toil leat càineadh, pòs.” Ha, hà! Feumaidh mi falbh an nochd; ach chan 'eil againn, co-dhiùbh, ach a bhi cumail ar cluasan 's ar sùilean fosgailte feuch ciod e chluinneas 's a chì sinn. Oidhche mhath leibh air fad.

TUITIDH AM BRAT.

DEALBH III.

AIR AN RATHAD (TAOBH-BEOIL A' BHRÀIT.)

IAIN RUADH (*ris féin*)—Cha chuala mi leithid de “thubhairt-thabhairt” riamh. Chan 'eil àite 'san suidh mi, no àite 'san seas mi—ma 's ann a' dol do 'n cheard-thigh no tighinn aisde—no dol do 'n eaglais air an

t-Sàbaid no tighinn aisde—nach e gheibh mi le m' làimh 'ga crathadh gu'm ghualainn: "Nach mi tha toilichte an còrdadh a rinn thu féin 's an greusaich"; 's gun fhios o shluagh an t-saoghail ciod e 'n t-iongnadh a th' ann, ach mar nach biodh creic is ceannachd eadar dithis 'san dùthaich riamh roimhe. Tha gu leòir dhòmhsa ged a b' ann a' dol a phòsadh a bhithinn gum biodh a leithid de horó-gheallaidh mu'n cuairt orm, gu lughaid air bó bhuidhe a' ghreusaich a cheannach.

TACHRAIDH FEAR AIR—Meal do naidheachd a bhalaich. Chan fhaca mi thu bho 'n chuala mi 'n sgeirmse ud mu d' dhéidhinn. 'S math leam coimhearsnach a bhi faotainn air aghaidh; agus gu dearbh tha mi 'n dòchas nach robh thu a' sgrìobadh na poite.

IAIN RUADH—Suidh. Suidh is las do phiob gus am faigh mi greis de d' chracaireachd. Ciod e mar tha 'n gnothuch a' còrdadh riut?

AM FEAR—Math agus ro mhath. Chan ann h-uile latha chluinneas sinn a' leithid. Moire, tha 'n *Land Court* a' cur os a chionn. Chi mi an nochd fathast thu, is bidh barrachd seanchais eadarainn. Slàn leat an dràs.

IAIN RUADH (*ris féin*)—Sud a nis mar a tha; agus chan 'eil e coltach gum faigh Iain móran fois bho'n drabasdachd ud gus an cuir mi bó bhuidhe a' ghreusaich air stéic. Có tha tighinn an so? Curstan Mhór! 'S tha feum gum bheil i bodhar; neo bhiodh a' cheart phort aice féin; agus chluinneadh an dùthaich an ceartair a h-uile facal a sgoilteadh i leis a' ghleadhar a bhios aice.

CURSTAN (*a' cur sgàile air a sùilean le a bois*)—O, eudail mo chridhe, Iain, an tu tha 'n so. Meal do naidheachd, a laochain. Nach mi tha toilichte chluinntinn an ceum a tha thu toirt mu dheireadh thall.

IAIN RUADH (*a leth-taobh*)—Leth na bochdainn! Tha a' cheart iorram an so. Nach bochd nach robh bó-bhuidhe a' ghreusaich fodha gu bun an dà adhaire an suil-chrithich mu'n do smaointich mi riamh air a ceannach.

CURSTAN (*a' leantainn*)—Air son mo chuid-sa de 'n ghràin, faodaidh an àth dol r'a theine. Ach, a rùin, ged tha mi bodhar fhéin, cluinnidh mi rudan. Tha fios gum bheil do mhàthair toilichte.

IAIN RUADH—Tha fios gum bheil. Nach 'eil i dhith, co-dhiùbh, agus buadhal no dha r'an lionadh, is daoine an déidh fearann ùr a ghabhail.

CURSTAN—Ciod e, rùin?

IAIN RUADH—Tha i dhith, co-dhiubh, 's gum feum daoine an stoc a dheanamh suas.

CURSTAN—Theid mi 'n urras gu'n dean i sin. Cha do chuir lùb air dealg is fèarr a dh' fhighneas stocainn na i.

IAIN RUADH—“Stoc; stoc” tha mise 'g ràdh. 'S ann tha mise a' bruidhinn air mart buidhe a' ghreusaiche.

CURSTAN—Ciod e tha thu ag ràdh!

IAIN RUADH—Stoc tha mise bruidhinn air, a bhean.

CURSTAN—Seadh, seadh. 'S ciod e, rùin, rud is feumaile na stocainn bhlàth thioram 'nuair thig fear an tighe dachaidh is bogan na bhrògan.

IAIN RUADH (*a' togail a ghutha*)—Bo-bhuidhe a' ghreusaiche, tha mise ag ràdh.

CURSTAN—Biodh iad buidhe no donn, nach coma! Nach math, a rùin, ann iad, ged a b'e ciar na caora bhiodh annta. 'S theid mise 'n urras gum bi do theintean glé sheasgar.

IAIN RUADH (*a leth-taobh*)—An rud a gheibh an òinseach bhodhar so greim air, chan 'eil e furasda chur as a claigeann. Tha e duilich a chur ann 's tha e duilich a chur as; 's an rud a gheibh an seòrsa greim air leanaidh iad ris, biodh e ceart no cèarr, is liubhraidh iad e anns gach àite 'san suidh iad, agus is lìonmhor sin. An cluinn thu 'n iorram a th' oirre an ceartair: mar gum biodh ann clach mhór a' mhuillein.

CURSTAN (*a' leantainn aig an àm cheudna*)—B' aithne dhomhs', a ghaoil, a h-uile gin de 'n t-silidh; agus b' iad sin na daoine còir foghainteach. Ged nach 'eil ise ach beag, is i boireannach beag sgiobalta bha 'na seanamhair, cuideachd; agus bu bhòidheach sin. Tha mo bheannachd a'd chuideachd, a laochain; agus buaidh is piseach ort a h-uile latha ri d' bheò.

IAIN RUADH—Chan 'eil sibh a' tuigsinn na cùise idir, a Churstan.

CURSTAN—'S e sin a th' innte gu'n teagamh' nighean thuigseach. Lath math leat, a rùin, feumaidh mise ceum socrach a thoirt as.

Iain Ruadh—O, bi falbh; 's na na thilleas tu. Ach 'nuair a gheibh mise a' bhó bhuidhe air buadhar stadaidh an clampar so. Cha robh fear riamh de m' sheòrsa—sean fhleasgach mar their iad—nach robh anns a' cheart chur-thuige nan cluinnteadh gun taghladh e tigh 'sam biodh caileag òg. Gonadh air an teangannan!

TOGAR AM BRAT.

DEALBH IV.

TIGH A' GHREUSAICH, 'S GUN A STIGH ACH PEIGI.

PEIGI (*ag obair air feadh an tìghe*)—Cha b' ionghnadh idir mo chluasan a bhi teth o'n thàinig mi dhachaidh. 'S ann a tha mi air mo bhódhradh le sgeul-pòsaidh is sgeul bainnse; 's gu dearbh, cha robh mi a' deanamh feala-dhà dheth gus an d' fhuair mi fios le firinn air a' chòrdadh urramach a rinn Iain Ruadh is m' athair. Cha b'e idir fuireach feuch ciod e bharail a bhiodh agam fhéin air a' chùis, ach Peigi a bhualadh seachad mar gum biodh té de'n chrodh a tha 'sa' bha-thigh. Chan 'eil fhios ciod e chaileag a th' annamsa mur a biodh *lad* agam féin an déidh a bhi uiread ùine an Glascho. Ach tha sin agam agus céird mhath aige cuideachd. Electrician, Electrician! Ach, O hó, nach tusa, Willie Cunningham, a dheanadh an gàire na'm biodh tu cùl nan dòrsan an so, agus Gàidhlig a bhi agad. Sin na bheil de choire agam dha: nach 'eil Gàidhlig aige. (*Air a socair.*) Ach co-dhiùbh, gheibh Iain Ruadh fios a sheartain—stad thusa! (*Suidhidh i sìos is sgrìobhaidh i litir.*) So a nis, cuiridh so glong air 'nuair a gheibh se e. Cuiridh mi Niall Beag leatha.

(*Theid i mach is tuitidh am brat.*)

DEALBH V.

AIR AN RATHAID (TAOBH-BEOIL A' BHRAIT). CHITHEAR
DUGHALL SAOR IS DITHIS GHILLEAN.

DUGHALL SAOR (*a' tachairt air càch*)—Tha latha gasd' ann, fheara. Suidhibh is lasaibh 'ur pìoban. Ciod e a tha dol?

FEAR DE NA GILLEAN—O, chan 'eil ach an aon rud. Chan fhaigh sinn air an lionadh no air an tràghadh ach an aon rud. Pòsadh Iain Ruaidh. Ach chan fhaigh mi bun no bàrr aig an tum-tam a th' ann. Tha iad cho falchaidh air an dà thaobh 's nach 'eil fios aig neach ciod e their e.

AM FEAR EILE—B' fheàirde sinn banais, co-dhiùbh.

DUGHALL SAOR—Sin agaibh Iain Ruadh. Ma's fìor an ràdh thig a' bhanais a dh' aon phlup oirbh mar thig na frasán 'san fhoghar. Ha, hà! Cò tha tighinn an so? Niall beag Màiri. C' àit 'eil an ceum so, bhalaich.

NIALL BEAG—Tha mi dol le litir gu Iain Ruadh bho Pheigi Bheag.

DUGHALL SAOR—Hi hi-i-i! Nach d' thubhairt mi ribh! Saoil nach 'eil an gnothuch air fàs teth. Ho, hó! Chan 'eil aig balaich a nis ach a bhi gabhail leigheis an déididh do 'n ghaol: “*tri uighean feadaig nach do sheas riamh air mòintich,*” mu'n d' thubhairt iad e. Ho, hó! Falbh, a laochain; is turas math ort. (*Falbhaidh am balach.*) Am faca sibh sud, fheara. Chan fhaod e bhi nach creid sibh bhur dà shùil féin.

FEAR DE NA GILLEAN—Cha d' thug mi cluas riamh dhagus an so; ach tha mi faicinn a nis gum faod fiughair a bhi againn ri crathadh nan cas 'sa gheamhradh fathast.

AM FEAR EILE—Chan 'eil mi creidsinn guth dheth. Shaoilinn na'm biodh i dol a phòsadh, nach biodh i cho stritheil a' teagasg còisir air son Mòd an Obain. Tha Peigi Bheag innidh air a' cheòl. Tha coltach gu'n robh i anns an “G.G.” an Glascho.

DUGHALL SAOR—Cha leig i leas gun dol do'n Oban le coisir ged a bhiodh i pòsda. Nach ann a fhreagradh e gasda: “*Mrs. Iain Ruadh a' Ghoirtein*” a bhi air ceann coisir. Ho, hó! Chlann, eudail! Nach e Iain féin a ni seinneadair! Nach e dheanadh an *tenor*! Ha, ha!

A' CHEUD GHILLE—Nach bu ghasda dol a dh' éisdeachd na coisir an nochd! Am bheil sibh toileach.

DUGHALL SAOR AGUS AN GILLE EILE—Toileach gu leòir.

A' CHEUD GHILLE—Seadh, ma ta. Coinnicheamaid an so feasgar, is théid sinn ann còmhla. Slàn leibh an drasda.

DUGHALL SAOR AGUS AN GILLE EILE—Mar sin leatsa. Cuimhnich gun tig thu.

TUITIDH AM BRAT.

DEALBH VI.

TIGH A' GHREUSAICHE.

Chan 'eil a stigh ach Peigi, 's i dol troimh na h-òrain.

PEIGI—So òrain dithis: “Caol Muile.” Feumaidh mi comharra a chur air air son a' Mhòid. Freagraidh e gasda far an cluinnear fuaim nan tonn air cladach Mhuile. (*Seinnidh i rann rithe féin.*) Bidh e againn an nochd. Co tha'n so? (*Thig Niall Beag a steach.*) O, an do thill thu, Néill? Ciod e 'n naidheachd a th' agad? An do leugh e 'n litir?

NIALL—Leugh.

PEIGI—Ciod e 'n craiceann 'san robh e. An robh coltas feargach air?

NIALL—Cha robh.

PEIGI—Ciod e thubhairt e?

NIALL—Thubhairt e nach robh atharrach air: gun robh iomadh té cho math rithe air feadh na dùthcha.

PEIGI—Ho, hó! An robh coltas aimhealach air 'ga ràdh. An do mhothaich thu an robh anail 'na uchd is rudha 'na aodann. Ho, hó! Ciod e tuillidh a thubhairt e?

NIALL—Thubhairt e gur h-ann agad féin a bha 'm facal mu dheireadh 'sa chùis co-dhiùbh.

PEIGI—Ho, hó! Chuir an litir air! Nach do chuir a nis! An robh a ghuth air chrith; 's an do thòisich e air sealltuinn mu'n cuairt air na cnocan, 's a rùrach na pìoba 'na phòcannan, 's a' phìob fad na h-ùine 'na bheul?

NIALL—Cha robh. Ach bha e ag ràdh gum faiceadh e thu fhéin an nochd fhathast, 's nach rachadh sibh far a chéile air a shon.

PEIGI—Seadh: 's tha e dol a thighinn. Ach 's e sin fhéin a bhitheas aige air a shon. So dhuitse, ruin; 's gun robh math agad.

NIALL—Gu robh maith agad. (*Falbhaidh e.*)

PEIGI (*rithe féin*)—Seadh, seadh. Tha e féin a' thighinn. Dh' fhaoidteadh nach misd 'an gnothuch idir e thighinn. 'S iomadh iasg math a thogas ri dubhan an ám a bhi 'g iasgach nan cudainnean; 's cha mhisd' idir ainm pòsaidh a bhi aig caileagan. 'S minic a thug e fear bu roghnaiche an rathad. Ach ma theid breith air Iain Ruadh an so an nochd leamsa; nach ann an sin a bhios an ùbraid. Is có nach creid an sin e. Tha cuid-eiginn an so.

(*Thig Iain a steach. Bruidhnidh Peigi fuar ris.*)

PEIGI—Thig air t' aghaidh, Iain. So, suidh.

IAIN RUADH—Ciod e 'n srann a th' air caileagan an nochd?

PEIGI—U, dìreach mar is àbhaist. An d' fhuair thu mo litir?

IAIN RUADH—Ma ta, fhuair. 'S an 'ann mar sud a tha a' chùis a' dol a bhi.

PEIGI—O, 's ann. Chan 'eil mi idir buidheach a leithid a rud a dheanamh air mu chùl. Sud dìreach an t-seann dòigh. Nach robh gu leòir ged a b' i a' bhó dhubh a bhiodh tu 'g iarraidh, a leithid sud a dheanamh?

IAIN RUADH—Tuts, a Pheigi, ghaoil. Ciod e air thalamh an t-eadar-dhealachadh a th' ann? Cha leir dhòmhs e.

PEIGI—Cha léir duits' e. Ach is léir dhòmhs' e. Is chan fhuiling mi e. Dh' fhalbh na seann làithean sin; 's chan ionghnadh idir na mnathan aotrom ud an Lunnainn a bhi deanamh mar tha iad a' deanamh. Na cluinneam an còrr deth (*'s i a' breabadh a coise*).

IAIN RUADH (*a' gàireachdaich*)—An iad sin na “Suffargets.” Tha fios nach e “Suffargets” a th' annad, a Pheigi. Ha, hà! Gu dearbh, na 'n robh fios agam air, cha d' thàinig mi riamh a cheannach na boine buidhe. 'S cha bhi'n còrr air, ma tà.

PEIGI—O, nach ann a nis a tha mi tuigsinn an còrdadh a rinn thu féin is m' athair. Cò nis a chuir a mach an uirsgeul ud a dh' fhàg mo dhà chluais cho bodhar ri cluasan ghobhar 'san fhoghar.

IAIN RUADH—U, fhuair mise sàthaichean deth, cuideachd. Sud amalaireachd Dhughaill Shaoir. Chan 'eil tàmh air ach ri eachlaireachd.

PEIGI—O, Iain, ma thig muinntir na còisir an ceartair, agus gum faigh iad an so leinn fhéin sinn, cha chuir an saoghal a null orra nach ann ri fìor—

IAIN RUADH—Tha cho math dhomh mo chasan a thoirt leam, ma tà, is thig mi am màireach a dh' iarraidh a' mhairt; 's chan fhaod e bhì nach cuir sin stad air an teangannan. Stad! Cò bhios an so? Cuiridh mi geall gur iad a tha 'n so. Cìod e nì mi, Pheigi?

PEIGI—O, dhuine chridhe, bheir iad an saoghal mu'r cinn. Rach am falach cho luath 's a rinn thu riamh. Greas ort; greas ort! No bheir iad mo nàir asam.

IAIN RUADH (*air udal a rùrach àite falaich 's a' feuchainn a h-uile cùil*)—C' àit 'an téid mi? C' àite, c' àite? Fò 'n leabaidh?

PEIGI—Tha sin làn buntàta.

IAIN RUADH—Do 'n leabaidh féin; ma, ta; air cùl nan cùrteanan?

PEIGI—Saoil nach bu ghasda na'm faighteadh an sin thu. Chan 'eil dol as a nis againn. Tha iad aig an stairsnich. Cìod a thug idir an so thu? Cha chluinn mi dheireadh am bliadhna so. Leum a steach fo'n bhòrd, 's air do bheò na gluais gus am falbh iad. Na tarruing t' anail ach gann. O, nach b'e so e!

(*Theid Iain fo'n bhòrd ag ràdh: "Mart buidhe na bochdainne! B' àill leam nach cuala mi riamh iomradh oirre."*)

(*Sgaoilidh Peigi brat mòr air a' bhòrd.*)

PEIGI—So, a nis, bi cho sàmhach ris a' mharbh. Na gluais air do bheò. Feuch nach casd thu.

IAIN RUADH (*'s e cur a mach a chinn*)—Am bheil Dughall ann. Seall.

PEIGI (*a' maoidheadh air*)—Uist!

(*Thig gillean is nigheanan a steach.*) So, so. Tha mi dìreach a' feitheamh ribh. Suidhibh mu'n cuairt. Tha 'n t-àm againn a bhi dol 'nar gleus mu'n tig duine a steach. Feuchaibh an toiseach "An t-Eilean Muileach."

(*Seinnear an t-òran. Leth-shuil aig Peigi air a' bhòrd. Gun fhios dith tarruingidh i aire chàich, cuideachd, air. Bithidh sùil mu seach aca air. Thig Dughall agus an dithis eile a steach. Suidhidh Dughall air a' bhòrd.*)

DUGHALL SAOR—(*'nuair squireas an t-òran*)—Tha sin dìreach ceutach. Air m' onoir! 'S tha mi togail nam facal a' cheart cho math 's ged nach biodh ach aon ghuth ann.

PEIGI—Tha nis An Comunn Gàidhealach a' toirt seachad duais air son "Oran dithis"; is tha toil agam dithis a chur suas air son "Caol Muile" a sheinn.

DUGHALL SAOR (*'s e daonnan a' cluich a chois. Iain a' faotainn a sharachadh leis. Peigi a' cur a sùla troimhe*)—Sin e dìreach. Cha b' urrainn a bhi na bu bhòidhche. Tha 'n t-òran 's an t-àite bòidheach agus ceutach. 'S ann a mhuinntir taobh Chaol Mhuile bha mo sheana-mhair a thaobh m' athar—a mhuinntir na Morairne.

(*Seinnidh dithis "Caol Muile." Mu'm bi iad troimhe thig an greusaich 's a bhean a steach.*)

DUGHALL SAOR—(*'nuair thig crìoch air an òran*)—Nach 'eil sud ceutach, a nis, a chuideachd! O, luaidh, a luaidh! Nach beag a shaoil mi riamh gun robh uiread de mhaise 's na h-òrain Ghàidhlig. 'Nuair chuimhnicheas mi 'n dranndail a bhiodh againn orra 'nar dòigh féin, 's ann a bhitheas sglèamas orm.

BEAN A' GHREUSAICH—Coma leatsa. Rinn an t-seann dòigh a latha féin gu h-eireachdail, agus 's iomadh cruinneachadh mór ceutach air an do chuir i loinn. Mur a bhi i, cha robh an dòigh ùr ann. Thig daonnan innleachd á innleachd.

PEIGI—Gabhaidh sinn a nis "Horó mo chuid chuideachd thu."

DUGHALL SAOR (*a' bualadh a bhas*)—Gasda, gasda!

AN GREUSAICH—Teannaibh a null am bòrd as an rathad, ma tà.

DUGHALL SAOR—Sin e; sin e. Null e. So (*'s e breith air*).

PEIGI—Cha teann; tha 'm bord gu math, agus gu ro mhath. Tha feum eile agamsa air a' bhòrd; 's cha téid am bòrd a charachadh. Seachainn e. Leig leis.

AN GREUSAICH (*a' breith air a' bhòrd, e féin is Dùghall*)—Biodh a rogha feum agad air. Chan 'eil duine dol g' a itheadh. So, a Dhùghail, as an rathad e.

PEIGI (*a' breith air a' bhòrd*)—Tha 'm bòrd a dhith ormsa an ceartair; is leigibh leis.

(*Dughall Saor agus An Greusaich a' slaodadh a' bhùird, is Peigi 'ga chumail.*)

DUGHALL SAOR—Feumaidh gum bheil an cù 'na laighe air na taslain.

AN GREUSAICH—Tha rud-eigin 'na laighe air na taslain. Truis am mach! Truis! Truis! Droch còmh-dhail ort, a chreutair ghrànda; nach tu fhuair an leabaidh. Truis am mach á sin! Truis! Truis! (*E breabadh Iain.*)

PEIGI (*aig a' cheart àm*)—An cluinn sibh, athair? An cluinn thu, Dhùghall? Fàgaibh am bòrd. Tha 'm bòrd gu math. An cluinn sibh? An cluinn sibh? Stadaibh! Tha 'm bòrd gu math. Leigibh dhòmhsa dol air m' aghaidh le m' ghnòthuch.

(*Théid car de 'n bhòrd. Eiridh Iain 'ga chrathadh féin. Peigi air a nàrachadh. A' chuideachd a' glaodh-aich 's a' bualadh am bas.*)

DUGHALL SAOR—Ha-ha! Thàinig an *cat* as a' phoca mu dheireadh ged a shaoil sinn gum b' e cù a bh'ann. Ho-hó!

AN GREUSAICH (*a' gàireachduinn*)—Ciod e so, Iain? Ho-hó! Am bheil thu as déidh mo nighinn?

BEAN A' GHREUSAICH—Tha mise tuigsinn, 'ille, gum bheil na croisean so an déidh do shàrachadh. Ciod e air thalamh a thug fo'n bhòrd thu?

IAIN RUADH—Thàinig mise an so gu réidh sìobhalta air ghnòthuch a tha fios agaibh féin air, agus—

DUGHALL SAOR—Dh' fheumadh gum biodh fios aca fhéin air. Ho, hó!



Iain Ruadh—O, dhuine! Tha fios agadsa, cuideachd, air, is chuir thu do char féin air gus am bheil mi air mo bhódhradh. Agus 's e sin gu cead o'n chuideachd a chuir fo'n bhòrd an nochd mi—a shàbhaladh o'n tuilleadh bruidhne—gus am faighinn fàth air teicheadh 'nuair a sgaoileadh a' chuideachd. Ach 'nuair a gheibh mise am mart buidhe 'sa Ghoirtean sguiridh a' chagarsaich. Agus ni mi companach cionnta dhìotsa, Dhughail!

Peigi—Chan fhaod e bhi nach eil sibh toilichte nis. So, thugamaid an aire air ar gnothuch.

Dughall Saor—So, so, ma ta; Hùg oirbh! Thoiribh dhuinn “Crodh Chailein.” Thug *Crodh Iain* deagh fhearas-chuideachd duinn cheana. Suas i; suas i!

Iain Ruadh—Gu dearbh, gheibh mi fhéin fois a dh' éisdeachd a nis. Séinnibh “*Caol Muile*” fathast. Cha chuala mi ceart roimhe e leis na sgailcean a bha mi faotainn o shàiltean Dhùghail.

(*Ni a' chuideachd gàire.*)

Bean a' Ghreusaich—O, Dùghall aotrom, gun chiatamh air. Tha e daonnan ri cron.

Peigi—So, ma ta, Seinneamaid “*Crodh Chailein*” air àilgheas Dhùghail, feuch an tog e theanga dhiomsa. (*Ni a' chuideachd gàire.*) Seinnear “*Crodh Chailein.*”

TUITIDH AM BRAT.



DOMHNULL MOR AGUS CAILEAN TAILLEAR.

LE IAIN MACCORMAIG.

(A' Cheud Duais aig Mòd Ghlascho, 1921.)

DOMHNULL (*a' teachd a steach*)—Co tha gleidheadh an tighe so an nochd?

AN TAILLEAR (*'na shuidhe a' fuaigheal*)—Tha na chuireadh a mach thusa co-dhiu, cho mór is 'ga bheil thu, 's ged a tha an sean-fhacal ag radh:—

“ Cha duine tàillear
 'S cha duine dhà dhiubh;
 Chuireadh fitheach ri creig
 Dà fhichead 'sa dhà dhiubh.”

Ciod e do bharail air a sin? Ach co-dhiu nach beag a leigeas tu leas fharraid co a tha gleidheadh an tighe an uair a thig thu do thigh tàillear? Nach fhaod thu bhì gle chinnteach gum bi an tàillear a stigh co-dhiu. Chan ionann is thusa 's do sheorsa a dh' fhaodas an dùthaich a shiubhal aon uair is gun tuit an oidhche; ach ma theid mise sgrìob do thigh mo choimhearsnaich saoilidh mi gum bi a h-uile fear 'san dùthaich air a thogail leis na feannagan le cion aodaich mu'n tig ceann seachduinn. Faodaidh gach duine an dùthaich a shiubhal ach feumaidh mise suidhe air a' bhòrd-dhubh so gus am bi mi'm chruiplich cho mhór ris an each Ghallda a cheannaich Eoghan Bàn bho'n Eirionnach mhór a bha a' cruinneachadh nan craicinn an uiridh.

DOMHNULL—Agus nach blàth seasgar air a' bhòrd-dhubh thu, a Chailein, faisg air a' ghealbhan far nach tig a' chlach-mheallain na's fhaisg ort na sgaile a thoirt air an uinneig laimh riut, is far nach leig thu leas arm as truime na snàthaid a' laimhseachadh. Chan ionann is mise, a dh' fheumas dol gu m' chruachain 'sa chladach fheamann a chumail do sheorsa-sa 'san casan paisgte fodha air bòrd seasgar fiodha.

AN TAILLEAR—Nach e sin fhéin an doigh air *production* a dheanamh, mu'n dubhairt am maighsteir-sgoil e. Nach math gu bheil thu dìcheallach a thoirt toraidh as a' ghrund an deidh an droch bhiadhaidh a bh' oirnn an àm a' chogaidh. Leòra! is iad trì rudan as mò a dh' fheuch rium riamh—aran-dubh a' chogaidh, im Eoghain mharsanta agus pìobaireachd Eachainn Bhàin. A thaobh an arain 'san ime tha a' chùis na's fhearr, ach tha pìobaireachd Eachainn 'nar taice fhathast, agus bithidh cho fhad 'sa theid aige air gaothaire a chuir 'na phluic, no na spuirean chròg ud a chuir air tuill sionnsair, gus a bheil na cearcan is na tunnagan an deidh gràin a ghabhail air an gogail 's air an ràcail féin. Ach c' uin a chunnaic thu paipeir, a Dhomhnuill? Cia mar a tha cùisean an t-saoghail a' dol a nis?

DOMHNULL—An dà fhuair mi paipeir an diugh fhéin bho Iain mo mhac, 's chan 'eil cùisean a' sealltuinn gu ro mhath idir.

AN TAILLEAR—Seadh, a Dhomhnuill.

DOMHNULL—Tha mi-chòrdadh anabarrach feadh an t-saoghail; ach am facas falaisg mhór riamh nach biodh smùdan thall 'sa bhos 'na làraich ioma la an deidh a cur as.

AN TAILLEAR—Nach ana-ceart a nis an rud, a Dhomhnuill, gum biodh a leithid de chumhachd aig aon neach 'sam bith is gun rachadh aige air an t-saoghal gu léir a chuir troimhe chéile uair air bith a shanntaicheadh e, mar a rinn an *Cesar*. Agus an deidh 's gu léir cha robh ann ach an gealtair. B' esan am famhair an uair a bha gnothuichean a' dol leis. Cleas Dhùghaill Ruaidh a bha 'sa Bhlàr Bhuidhe, mharbhadh e samhanaich gus an rachadh tionndadh air? Ach bha Dùghall na b' fhearr nan *Cesar*. Sheasadh Dùghall air an làraich air am

bitheadh e ged a chailleadh e blàr. Ach cha b' e sin do ghealtair mór na h-Eorpa. An uair a chunnaic e gun robh a dhruim ri talamh chaidh e am fasnadh na h-Olaind, dìreach mar a b' àbhaist do'n chu ghlas aig Eoghan Clobair a dheanamh an uair a gheibheadh e a ghiollachd aig banais-chon. Theicheadh e do'n Bhaile Mheadhonach far an d' fhuair e a thogail. Air an amhuil cheudna an *Cesar*, is tha a nis cleas Bodach na Gealaich air, a' cur seachad na h-uine a' gearradh chraobh. Ach saoil thusa, a Dhomhnuill, am beir iad am feasd air?

DOMHNULL—Tha eagal orm nach beir. Fhuair e do thigh na didinn, is faodaidh e glaothaich mar a bhith-eamaid a' deanamh 'nar balaich an uair a dhìreamaid gu mullach na Creige Móire—

“Tha mi air mo bhaile mór,
Is feuch co chuireas as mi?”

AN TAILLEAR—Nach b' e mo shaighdear e! An uair a chunnaic e gun robh an ruaig 'na dheidh dh' fhag e a chuid 'sa chuideachd an sud gun uiread 'sa radh, “Chan 'eil aig gach duine ach a bhi toirt sgairbh á creagan dha fhéin.” Am balgair. Ach stad ort, a Dhomhnuill, a bheil guth air an fheadhainn eile, na *War Criminals*, mu'n d' thuirt Eoghan Bàn e.

DOMHNULL—Thàtar a' cur riutha co-dhiu agus a' gealltainn deuchainn a chur orra, ach tha iad gu math màirneulach mun chùis, agus cleas na caillich a bha a' tochras an t-snàtha, a' tarruing na h-ùine cho math 'sa dh' fhaodas iad, am beachd, air a' cheann mu dheireadh, gum faigh iad as. Tha a h-uile leisgeil 'ga ghabhail a tharruing na h-ùine. Do chleas féin, a Chailein, do na h-uile fear do'm bi thu a' deanamh aodaich, ha, ha!

AN TAILLEAR—Gun chiataibh ort, a Bhulgaria mhos-aich, an ann 'gam choimeas-sa ris na biastan a tha thu? Am bheil cuimhn' agad an fheirg a ghabh Seònaid a' Chùbair an latha a bha i féin agus bean a' ghreusaiche a' trod mu na cearcan, 'san uair a thuirt bean a' ghreusaiche “Bulgaria” rithe, ha! ha! Dh' ionnsaich sinn a' leithid de dh' ainmeannan annasach an ám a' chogaidh. Ach aig an ám cheudna, a Dhomhnuill, faodaidh tusa a bhi bruidhinn, ach is beag a tha fios agad

ciod iad àmhghairean tàilleir. Bidh mise air uairean agus ged a rachadh agam air fuaigheal le m' làmhan is le m' chasan cha b' urrainn domh an sluagh a riarachadh. A leòra, cha b' urrainn ged a bhiodh snàthad an glaic gach òrdaig-mhóir agam, 's mi 'gam chluich fhéin air a' bhòrd-dubh so mar gum biodh partan tuathal air a dhruim. Cha bhi ach mo shùil air an uinneig agus an uair a chi mi duine a' tighinn cha bhi ach an rud a bhios agam a thilgeil bhuam agus cuid an fhir a bhios a' tighinn a ghabhail, ha! hà! Tha cleas buachaille an tairbh orm, a' toirt oidheirp air a h-uile maighsteir a th' orm a thoileachadh. Tha dìreach, a Dhomhnuill, mi féin agus buachaille an tairbh cho mi-fhortanach ris an Ard-riaghladh féin, an *Gobharmaid*, mun d' thuirt Eoghan Bàn e. Tha sinn 'nar gillean aig a h-uile fear, 'sa h-uile fear a' faotuinn a choire féin duinn. "Cha bu mhath leam gum bu mhi an *Gobharmaid*," ars' Eoghan. "Chan fhada dh' fhagar it' innte." Ach nam biodh e 'na thàillear chitheadh e nach biodh a shuidheachadh dad na b' fhearr. Ach, a Dhomhnuill, bho'n tha thu 'nad dheagh sgoilear, agus a' leughadh nam paipeirean daonnan, an innis thu dhomh ciod e tha "Squandermania" a' ciallachadh? Tha mi a' tuigsinn gu bheil móran mu dhéidhinn anns na paipeirean an dràsda.

DOMHNULL—Ha! ha! a Chailein! Nach breagh am faacal! Tha "Squandermania" a' ciallachadh, ana-cosguis, no mar a dh' fhaodas mi a radh, struidhealachd; a' taomadh am mach airgid gun fheum, gun réuson. Nach tric a chunnaic thu an seorsa ruid sin ann ad choimhearsnachd—mi-stuamachd ann an lainhseachadh airgid. Thàtar a' tagair gu bheil an Ard-riaghladh, no an *Gobharmaid*, mun d' thuirt thu féin e, a' cumail mhiltean am postachan gun fheum agus a' cur cosguis air an rioghachd—ormsa agus ortsa, mar gum b' eadh—agus gum bi an fheadhainn sin a th' air an sailleadh gu math 'nan cultaice do'n Ard-riaghladh a rithis an ám taghaidh. Am bheil thu a' tuigsinn?

AN TAILLEAR—A hà! Tha mi a' tuigsinn a nis, agus is e an rud a tha thu ag radh as coltaiche na beachd a chuala mi fhathast. Leòra! bha cònsachadh air "Squandermania" 'san tigh so an oidheche roimhe nach

cualas riamh na bu ghéire am measg bhan mu aois sean inhaighdinn a bhiodh a' dol a phòsadh. Chuireadh Dùghall Sheònaid 'nar n-amhaichean air fad gur e ainm air seorsa ùr de bhuntàta a bh' ann. Chuireadh Niall Mór roimhe, an dubh 'san donn, gur ann a th' ann seorsa de ghalar a bhios a' tighinn air eich, a chionn gun cuala esan an gobhainn Gallda ag radh gum b'e "Squandermania" a thug bàs an eich ghlais aig Tormod na Cachlaidh. Ach is e an rud a tha thusa ag radh, a Dhomhnuill, as coltaiche. Is e dìreach "Squandermania" a th' ann a bhi a' toirt seachad iallan fada de leathrach fir eile, mar a rinn Iain Buidhe air Fear a' Ghlinne. Chan 'eil teagamh nach e "Squandermania" Iain Bhuidhe a bhris Fear a' Ghlinne. Moire! Chan ionghnadh idir ged a bhios uiread de pheasain ag iarraidh do'n Pharlamaid, 's gun fear dhiubh ach airson uisge a tharruing g' a mhùileann fein.

DOMHNULL—Sin mar a tha, a Chailein, agus tha'n aimhreit air shiubhal an uair a thoisicheas iadsan nach d' fhuair sgillinn troimh "Squandermania" air gearan, mar a tha thu féin is mise.

AN TAILLEAR—Tha thu aige, a Dhomhnuill, ach nam bitheamaid le cheile a' faotuinn sìneadh math an drasd 'sa rithis, chan abramaid aon fhacal ach a bhi cho tosdach ris an fheadhainn a tha 'nan sìneadh 'sa chladh ud thall.

DOMHNULL—Nach ann mar sin a tha. Ach de "chan urrainn an cù cam a bhi thall 'sa bhos," agus leis a sin tha an iorghuill air a bonn. Nach 'eil a rithis Achd Ur nan Sgoilean 'na cloich mhuilinn mu'r n-amhaichean ged a tha e feumail.

AN TAILLEAR—Seadh, a Dhomhnuill, ciod e uime?

DOMHNULL—Tha uime gur gann a théid againn air ar cinn a thogail gun dàil le cìsean. Chan eagal nach 'eil e iomchuidh cothrom fòghluim a thoirt do'n òigrìdh, ach tha mi am beachd gu bheil e gle bheag tuilleadh 'sa chòir a bhi a' toirt orra fuireach anns an sgoil ann an seadh gus am bi iad a suas ri seachd bliadhna deug a dh' aois.

AN TAILLEAR—Seachd bliadhna deug a dh' aois. A Shiorraim 'sa Rìgh! Nach ioma fear is té a bha pòsda aig an aois sin. Ma leanas an ruith air an ruaig chan fhada

gus an cluinn sinn fear-eiginn a bhi air a thoirt air beulaobh an t-Siorraim a chionn nach 'eil e a' cumail na mnatha 'san sgoil. An cuala duine riamh a' leithid de bhlaomasdaireachd? Seachd bliadhna deug! Mise, mise 'n diugh!

DOMHNUL—Is e sin ma tha sinn a' tuigsinn an Achd.

AN TAILLEAR—Tuigsinn ann no às, tha sinn a' tuigsinn gum bheil seachd bliadhna deug a dh' aois mu'm fag balach an sgoil mi-chiatach.

DOMHNUL—Thig an gnothuch trom oirnn gun teagamh, ach nach breagh an rud an sluagh a bhi air am fòghlum?

AN TAILLEAR—Is breagh gun teagamh agus is math, ach chunnaic mi riamh "gur a miosa nan t-uireasbhuidh tuilleadh 'sa chòir." Tha am fòghlum an deidh cuid de'n òigrìdh fhagail cho pròiseil cheana is nach fhada gheibh thu duine a chuireas a làmh an obair shalaich idir.

DOMHNUL—Agus nach gasda gun teid aig neach air aran làthail a chosnadh le làmhan glana.

AN TAILLEAR—Is gasda, gasda, a Dhomhnuill, ach tha measarachd anns a h-uile rud. Ciod e am feum a tha an Laidionn, an Gréigis no an Eabhra a dhol a threabhadh do dh' Achadh a' Charragh no a dh' iasgach ghiomach gu Sgeir an t-Saothaich? An innis thu sin dhomh?

DOMHNUL—Ach, a Chailein, cha leig duine aig am bi am fòghlum sin a leas làmh a chuir an crann no air ràmh, ach am peann a ghlacadh.

AN TAILLEAR—Nach e so a nis an gnothuch. Nach ann air a sin a tha mi a' tighinn. Tha thu a' faicinn, a Dhomhnuill, tha bunaitean na rioghachd air an dearbhtéidheachadh air obair làmh—obair làmh anns a h-uile seadh. Ach ma tha an sluagh air fad a' dol a bhi 'nan doctairean, 'nam fir-lagha is 'nam ministeirean, co, a nis, a tha a' dol a dh' obair? Chan urrainn fear a' phinn aon sgrìob a chuir air paipeir gus am bi fear na piocaid ag obair greis an toiseach. Am bheil thu a' faicinn?

DOMHNUL—Gle cheart, a Chailein. Ged a bha mi an aghaidh nan cìsean bha mi air taobh an fhòghluim, ach cha do sheall mi idir 'san rathad sin air a' chùis. Chan urrainn do na buill a tha sinn a' cur do'n Phàrlamaid gin

de an geallaidhean a ghleidheadh agus feumaidh iad rud-eiginn a dheanamh ged a b' e cron fhéin e.

AN TAILLEAR—Neo-ar-thaing mur a geall iad, agus creidear iad a h-uile h-uair a thig iad an ám taghaidh, ged a bhios fios againn gun d' thug iad an car asainn a h-uile h-uair roimhe sin. Tha an sluagh, a Dhomhnuill, coltach ris an each odhar agad fhéin an uair a theid thu a bhreith air do'n mhonadh. Bidh tu agus boineid fhalamh ann ad laimh agus tu a' glaodhaich, “pruisoth”! ‘pruisoth’! ‘pruisoth’! Thig an t-each bochd 'nad chòmhdhail 'na ruith, is fiughair aige ri làn beòil de shiol; agus is ann an uair a bhios e agad air dhosan a chi e gun deach an car a thoirt as. Sin agad, a Dhomhnuill, mar a tha an fheadhainn a bhios ag iarraidh do'n Phàrlamaid. Tha cleas a' chait orra, a' deanamh crònan doibh féin, agus cleas an eich uidhre féin oirnne, creididh sinn iad a h-uile h-uair a thig iad.

DOMHNUL—Tha thu ceart ann an seadh, a Chailein, ach——

AN TAILLEAR—Tha mi ceart anns a h-uile seadh.

DOMHNUL—Is e bha mi a' dol a radh gu bheil e gle fhurasda coire fhaotuinn do neach an ughdarras ge b' e air cho math is gum bi a rùn. Seall thu, ma's e am ministear fhéin e, mur 'eil an sluagh a' tighinn am mach do'n eaglais thàtar a tagair a' mhinistear; ach ma theid a h-uile duine do'n eaglais cho tric ris a' mhinistear cha bhi aite suidhe falamh innte Dòmhnach 'sa bhliadhna. Buinidh dleasnas do'n dà thaobh.

AN TAILLEAR—Ceart agus ro-cheart, a Dhomhnuill, ged nach buin an dà rud d'a cheile, ach nan rachamaid air an amhuil cheudna air fad do'n Phàrlamaid bhiodh gach ni a bhuineadh do'n rioghachd tur a réir ar miann. Nam biodh a' chùis mar sin nach fad o'n bha am fearann air a roinn, ha! ha! 'Dhomhnuill!

DOMHNUL—Faodaidh sin a bhi, ach mar tha fios agadsa, agus aig a h-uile tàillear, tha e eu-comasach an sluagh uile a riarachadh, ach air a shon sin 's air fad, is ioma ath-leasachadh math a tha a' Phàrlamaid a' deanamh, ged a tha iad a' tighinn gle throm air cuid. Nach gasda an rud “Achd an Dìon Shlàinte”?

AN TAILLEAR—An e sin an t-Achd so nach leig thu leas an doctair a phaigheadh? 'S e na tha mise a' faicinn anns an Achd sin ged bhithinn ri uchd bàis nach tig an doctair g'am fhaicinn gus an togair e féin, agus an uair a thig e tha mi an dara cuid na's fhearr no marbh. Sin na chi mise an Achd—an Achd—an rud a thuirt thu fhein, a Dhomhnuill.

DOMHNULL—Achd an “Dion Shlàinte.”

AN TAILLEAR—Seadh, theid mise cho fileanta ris a' Bheurla fhein 'sa theid mi ris na facail mhóra agadsa, a Dhomhnuill. Ach stad so ort. An cuala tu ciod i a' chàin a dh' fheumas na Gearmailtich a phaigheadh? Tha mi an dochas gun tig orra taobh cearr an treasbagan a thionndadh am mach. Nam b' ann air an làimh-san a bha'n tarring chan fhagadh iad cearc a' gogail air dùnan am Breatunn.

DOMHNULL—An dà bha mi a' leughadh an diugh fhéin gu bheilear a' dol a bhì gu math cruaidh orra.

AN TAILLEAR—Gasda. Tha mo chead aca—seadh, a Dhomhnuill?

DOMHNULL—Tha coltach leamsa gu bheil aca ri *aona mìle deug agus trì cheud muillion* punnd Sasunnach a phaigheadh!

AN TAILLEAR—Aona mìle deug agus trì cheud muillion punnd Sasunnach! Ciod e uiread 'sa tha sin, a Dhomhnuill?

DOMHNULL—An da chan ionghnadh idir thu 'ga fharraid. Tha e gle fhurasda an t-suim a chuir an sgrìobhadh mar a nì iad air a' chunntas mhiltean a tha eadar an talamh agus a' ghealaich, ach is e rud eile th' ann a ghabhail a steach. Mar choimeas, tha iad ag radh nam biodh na buinn air an cur oir ri oir gun rachadh iad trì uairean mun cuairt an t-saoghail.

AN TAILLEAR—Saoil nach b' e an crios e, a Dhomhnuill! Bheir sin rud beag de'n uabhar asda.

DOMHNULL—Thainig sin asda cheana. Tha iad gle shuairce an diugh, ach 's ann gus am faigh iad beagan air an aghaidh.

AN TAILLEAR—Tha iad dìreach, a Dhomhnuill, coltach ri móran eile is aithne dhuinn seachduinn roimh'n

Chomanachadh, ach mar dhaoine eile seachduinn 'na dheidh. Ach ged a bhiodh an aodainn cho fada ri aodann Mhurchaidh a' phoca an uair a bhios e féin 's na caill-eachan a' cònsachadh mu phris an t-snàth, cha leiginn òirleach leis na biastan.

DOMHNULL—Tha mi leat an sin, ach am bheil thu a' toirt an aire ciod e a tha thu a' deanamh?

AN TAILLEAR—O! Fheara 'sa dhaoine! Is ann a tha mi an deidh clò glas an doctair fhuaigheal ri clò gorm Iain Mhóir! Sin agad ciod e a rinn càin nan Gearmailt-each orm. Tha mi'n deidh briogais Iain Mhóir a dheanamh coltach ri bàta Mhic Iain Ghiorr, taobh dhith dubh is taobh dhith bàn. Ha! ha! Nach bu ghasda shealladh Iain Mór a' dol do'n eaglais Di-dòmhnach is e cho breac-stiallach ri tarbh Gallda Mhagsall. Ha! hà! a Dhomhnuill!

DOMHNULL—Tha an t-ám agamsa falbh gu dearbh, agus leigeil leat dol air t'aghaidh le t'obair an sàmhchair, air neo bidh tu 'gam thagar airson cuid nan coimhearsnach fhuaigheal ri chéile.

AN TAILLEAR—Ho, hó! 'Dhomhnuill! Ach feuch nach bi thu fada gun tighinn a rithis. Chan fhaigh mi naidh-eachdan an t-saoghail ceart no cothromach ach an uair a thig thu fhéin. Nach cuala tu cheana an dìol a chaidh a dheanamh air “Squandermania” aig cuid de m' luchd céilidh.

DOMHNULL—Mar a theab thu féin a dheanamh air briogais Iain Mhóir, a Chailein. Oidhche mhath leat mata.

AN TAILLEAR—Mar sin leatsa, is feuch gun tig thu an uair a gheibh thu an ath phaipeir ged a bhiodh e mìos a dh' aois. Slàn leat.



